


LEIRMHEAS AIR FILM NO PRÒGRAM TELEBHISEAN.



AMASAN:



Gus fiosrachadh a thoirt seachad mu cò mu dheidhinn a tha e, cò tha nochdadh ann, cò rinn e agus càit an urrainn do dhaoine seo fhaicinn iad fhèin.



Gus beagan mìneachaidh a thoirt air na caractaran agus an sgeulachd – ach feumar seo a dhèanamh ann an dòigh sònraichte far nach eil thu ag innse cus mu dheidhinn na tha a' tachairt.



Gus beachdan a thoirt seachad air ciamar a chòrd e riut gu pearsanta – feumar deagh adhbharan a thoirt seachad airson do chuid beachdan.



Gus comhairle a thoirt do dhaoine am bu chòir dhaibhsan am film/prògram telebhisean seo fhaicinn.

Cuideachd, ann a bhith a sgrìobhadh leirmheas dh'fhaodadh iomradh a thoirt air na nithean a leanas:

Cò ris a tha an actadh/preasantadh coltach.

Stiùireadh: ciamar a tha an sgeulachd air innse

Obair gearraidh: ciamar a tha e air a chur ri chèile.

Ceòl: dè seòrsa ceòl a tha air a chleachdadh.

Cò ris a tha an obair camara coltach.

Tha deagh lèirmheasan uile a leantainn an aon seòrsa structar. Tro bhith a' cleachdadh na puingean gu h-àrd faodar structar mar seo a chur air an leirmheas agaibh:

Ro-ràdh: Tha seo ag innse cò tha a' nochdadh anns a' phrògram/film agus cò mu dheidhinn a tha e. Tha e cuideachd ag innse beagan mun sgeulachd agus iomradh air an do chòrd e riut no nach do chòrd (agus carson).

Paragraf

01

Tha beagan air innse mu dheidhinn an sgeulachd agus mu cò tha a' cluiche na pàirtean eadar-dhealaichte.

Paragraf

02

Tha sgrùdadh air a dhèanamh air a' phrògram/film. Dh'fhaodadh beachdachadh air an stiùiriche, na cleasaichean agus rudan math no dona a ghlac d' aire (dh'fhaodadh iomradh a thoirt air ceòl, obair camara is eile anns a' pharagraf seo).

Paragraf

03

Mu dheireadh, tha fiosrachadh air a thoirt seachad air cuin a tha am film a nochdadh no càit am faighear lorg air. Mar eisimpleir; Tha The Theory of Everything ri fhaicinn ann an taighean-deilbh air feadh na dùthcha an-dràsta fhèin.

Paragraf

04